LCelt
C3914

Ceilidh books; leabhraichean
nan Ceilidh.
No.15.

elt
914

Celt
3914

THE CEILIDH BOOKS.
LEABHRAICHEAN NAN CEILIDH
AIREAMH 15

EITEAG RUAIDH, Sgeul.

AIR EACHDRAIDH

LE

RUARAIDH ARASCAINN IS MHAIRR

A' PHRIS, TRI SGILLINNEAN. 3d.

432068
26.1.45

ALASDAIR MAC LABHRUINN AGUS A MHIC,
360-2 SRAID EARRAGHAIDHEAL,
GLASCHO.

PEITEAG RUADH.

"Gu dearbh, innsidh mi duit ciod e bu chiall do'n chàrn mhòr de chlachan a chunnaic thu 'nuair a thàinig thu am feadharc Raichiobul, agus a theirinn thu Cnoc-na-boineid a dh' ionnsuidh Doire-nam-mart."

"Tha aobhar math agam 'innseadh," thubhairt Mairearad a' suathadh mo làimh gu ciùin, "nach robh mi ann an seirbheis aig brathair do sheanar 'nuair nach robh mi ach naoidh bliadhna a dh' aois ?"

"B'e sin an duine eireachdail. Cha robh e air dhoigh sam bith coltach—."

"Ciod e tha mi ag radhainn ? Seadh ! Seadh ! Tha cuimhn' agam ; ach is fhada bho'n nach d' thàinig ainm Pheiteig Ruaidh tarsuinn air m' inntinn. Gu dearbh, cha toigh leam a bhi 'g innseadh na naidheachd, a chionn 's gum bheil e daonnan a' cur crathaidh ann am chridhe."

"'S math tha cuimhn' agam an uair mu dheireadh a dh' innis mi an sgeul ! Thainig fear a tha nis ann am Pàrras Dhé a stigh do'n bhuth bheag shuarrach so, agus shuidh e sios air a' cheart chiste air am bheil thusa 'nad shuidhe. Tha cuimhn' agam air cho math (bha'n cat bàn a' glacadh chuileagan anns an uinneig)—agus thubhairt e, 's e a' suathadh a mhalaidh fhallusaich le neapaicin pòca riomhaich ghil, agus a' cur na h-aide aird aige air falbh gu curamach bho'n fheoil thoitich a bha air a' bhord—" A Mhairearad,"

thubhairt esan, " tha mi sgith, agus leigidh mi m'anail tacan. Thig m' eudail, innis dhomh naidheachd Pheiteig Ruaidh ! "

" Chuir mo straic air a bhi air m' iarraidh, agus m' eagal nach b' urrainn dhomh mo naidheachd innseadh, dragh mor orm. ' O Lighiche, a ghraidh ! ' thubhairt mise a' fasgadh mo làmhan mu'n cuairt ann am apran (bha mi cho toilichte gu'n robh e glan). ' A lighiche eudail,' thubhairt mise ' gabh mo leisgeul.' Ach cha d' thug e feart orm.

" A Mhairearad," thubhairt esan, " mu'n tòisich thu, thoir dhomh sgonn de'n t-siucar dhubh a tha san t-searraig anns an uinneig."

Bha e cho socrach, agus cho càirdeil 'na dhòigh, a' suidhe an sin mu m' choinneamh 's e a' cagnadh an t-siucair dhuibh, gu'n do dhi-chuimhnich mi gu'm b'esan an duine diadhaidh mu'n do sgriobh a' Bhan-righ Victoria ann an," *Leaves from the Highlands.*

Bha e air a ràdh aig aon uair gu'n robh mo bhean uasal i féin dol a thaghal ann an Fionnairidh ? Dhi-chuimhnich mi moralachd a' mhinisteir 'nuair a thòisich mi air mo naidheachd. Gu firinneach, bha e math air eisdeachd. Cha d'thug e a shùil dhiom, ach aon uair, agus b'e sin an uair a dh' éirich e a chur a' chait air falbh bho'n fheoil thoitich.

Tha mi smuaintinn gu'm bheil mi 'ga fhaicinn a nis, a' coiseachd mu'n cuairt a' bhord 'nuair a bha'm facal mu dheireadh air a radhainn ; agus a' bruidhinn ri creutair suarrach mar a tha mise, mar gu'n robh mi 'n coimeas ris-san.

" Mìle taing air son do sgeulachd, a Mhairearad,"

thubhairt esan, ged a rinn e am mulad cho dubh aig mo chridhe ris an t-siucar dhubh a chi sibh air mo bhilean."

" Nach b'esan an duine geur."

Gun teagamh, cha b'aithne dhuit Dòmhnull Mòr a' Chnoic, a bha fuireach aig iochdar a' mhonaidh ud ri taobh Tobar-an-Easbuig. Mar sin, faodaidh mi innseadh dhuit gur è tuathanach a bh'ann cho math 's a thionndaidh clais anns an Sgireachd so.

Bha fearann mòr aige air mhàl, agus bha sgalag, agus da shearbhanta aige. Bha e mu'n Fhéill-Mhàrtainn, an uair a thàinig a h-aon do'm b'ainm Mairi Bhàn dh' ionnsuidh Tigh a' Chnoic. 'Nuair a chunnaic Peiteag Ruadh (an Sgalag) i chaidh a mhiann (a bha roimhe air Cait Oig, a chompanach) gu gruaidhean dearga Màiri Bhàin.

Ach, cha d' thug Mairi Bhàn an aire g' a shodal, chionn 's gun d' thug i cheana a cridhe do Chailean Caimbeul de mhuinntir an t-Sruthain Tormanaich ann am Muile sin thall. Chaidh Cailean agus teaghlach athar air imrich do Chanada (mo thruaighe mise) air a' gheamhradh sin, agus 's ann uapasan a thàinig Mairi Bhàn do sheirbheis Dhòmhnuill Mhòir.

Bha aobhar mòr ann air son buaireadh Pheiteig. Ann am Mairi, chunnaic e nighean bheag shunntach, eireachdail, le aodann boidheach, agus ceum aotrom. Cha deachaidh gille riamh seachad oirre nach d' thug an aire oirre; ach bha buaireadh Pheiteig a nis seachad bruidhinn air. Bha e daonnan an sàs 'na cois.

Cha d' rinn a shodal Mairi na's toighiche air, agus mu dheireadh dh' fhàs i cho searbh dheth ris a

chreamh. Os cionn sin, bha Cait Og diombach oirre bho'n a chuir i Peiteag fo bhuidseachas.

Chunnaic Dòmhnull Mòr mar a bha a' ghaoth a' seideadh, agus cha'n ann g'a mholadh a bhruidhinn e ri Peiteig ; ach lean Peiteag ri Mairi, mar a leanas na drisean ris a' chaora neo-rusgte.

'S minig a smuaintich Mairi air a h-àite fhagail. Gun teagamh, dheanadh i sin, ach bha teaghlach a h-athar bochd, agus bhitheadh a' chiste-mhine falamh, mur a biodh ise ga lionadh.

Ann an deireadh an Earraich, fhuair i litir Chailein. Bho'n litir so fhuair i fios gu'n do shuidhich e ann an àite do'm b'ainm Calgaraidh, agus gun d' fhuair e an sin càirdean, agus fabhar, agus soirbheachadh.

Bha Peiteag Ruadh a' treabhadh anns an achadh an latha san d' thàinig an litir, agus ruith Cait Og a dh' innseadh dha an naidheachd.

"Tha Mairi gar n-fhàgail aig a' Bhealtuinn," thubhairt ise, "agus chuir Cailean litir do dh' òr g'a h-ionnsuidh."

Spleuc Peiteag oirre mar gu'm b'ann damh leointe. An sin ghàir è, agus chrath e le gaireachdaich, gus an do bhrùth e làmhan a' chroinn ri chéile.

Bha'n t-eagal air Cait Oig, agus ruith i dh' ionnsuidh an tighe. "A ghaol am measg nam boireannach!" ghlaodh Peiteag ann an osannaich bhriste, "Thig air t'ais, agus thoir leat na h-eich. Cha'n ann a h-uile latha thig àgh 'nar rathad. Tha mise dol do'n taigh-òsda a dh' òl deoch-slàinte 'na càraid oig."

Thàinig Peiteag air ais san ath mhadainn, 's

fonn gasda air agus thug a shonas air Domhnull a ràdh, " 'Se am botul dubh slat an droch-fhir! Is urrainn dha craiceann fuar a chur thairis air lite ghoilich."

'Nuair a chuala na coimhnearsnaich gu'n robh Mairi a' falbh gun dàil, thug iad dith cuimhneachain bheaga a thoirt leatha do'n dùthaich fad-air-falbh, bho nach till daoine ach ainneamh—dùthaich a bha 'nam beachd aig crìch dheireannaich an t-saoghail. Bho'n àm sin air aghart, sguir Peiteag a chur dragh air Mairi; agus chum's nach biodh e air dheireadh ann an caomhalachd, thug e dith éideadh-muineil buidhe sioda a gheall i a chosg nuair a rachadh i air a turus.

Bha a' chuideachd a theann a mach air a' mhadainn dheuraich shamhraidh sin glé throm 'nan ceum, 's iad a' seoladh Mairi air earrann de 'n rathad, mar a bha e 'na chleachduinn 'nar measg-ne.

Cha robh bàtaichean ann 'sna laithean ud, mar a th'ann an nis, agus b'e an rathad a ghabh i thairis am monadh, gu Ceann-loch. As an sin gheibheadh i am bata-aisig thairis air Loch Suaineart gu ruig a dachaidh ann an Atharacal. A' bruidhinn iosal agus a' triall gu samhach, chaidh a' chuideachd dheurach air aghaidh.

Aig eadar-amannan, dh' fhàg càirdean eolach am beannachd aig Mairi.

'Nuair a dh fhàg Cait Og Mairi, bha an t-seann eud uile air a dhi-chuimhneachadh. Luidh an dithis air uchd a chéile greis mhòr, Mairi a' cagar, " Eudail mo chridhe," agus Cait a' leanadh ri a caraid, agus a' glaodhaich, " Mo chreach! mo chreach!"

Aig an Lub Dhearg, far am bheil an frith-rathad bho'n rathad mhòr a' sgaoileadh thairis am monadh, bha an teaghlach aig Dòmhnull Mòr comhla rithe 'nan aonar.

Sheas an t-seann duine, agus leag e thaic air an lorg aige.

"Feumaidh sinn a nis d'fhagail, a Mhairi," thubhairt esan, "tha an ceò a' tuiteam air a' mhonadh, agus cha'n eil sinn ach gad chumail air t'ais, m' eudail; ach théid Peiteag leat gus an ceangail an frith-rathad a rithis ris an rathad mhor." Chum Dòmhnull an t-aodann dearg aice eadar a làmhan, agus sheall e 'na sùilean.

"Tha mi an dochas gun téid lorg Dhé romhad," thubhairt esan "agus ma thig mi-shealbh sam bith thairis ort, cuimhnich gu 'm bheil an làmh Aigesan sinte mach gad chuideachadh—an làmh Aigesan, agus làmh Dhòmhnull Mhoir."

Mar sin dhealaich iad. Is e sin car an t-saoghail. "Thàinig sinn a dh' fhalbh," mar thubhairt an sean fhacal. C'ait am bheil clann m' oige? Nach 'eil iad 'nan laidhe fo na leacan, air an di-chuimhneachadh, mar thoit cruaiche-mòine na bliadhna 'n urraidh?

Bha beallach ann an teaghlach Dhòmhnuill Mhòir fad greis mhòir; ach chuir a h-uile latha ùr clach ann, agus cha b' fhada gus nach robh ainm Mairi ach 'na chuimhneachan am measg dhaoine.

Thug dol air falbh Mairi cothrom do Chait Oig air an leannan neo-bhunailteach aice fhaighinn air ais.

A dh' innseadh na fìrinn, 's e gille foghainteach

a bha ann am Peiteig, agus glé thoillteannach air smuaintinn faoin nighneag. Bha a shùilean de'n ghorm is soilleire, agus chaith e feusag ghrinn sgaoilte, agus is tric a ghabh Cait beachd oirre, nuair a sguabadh, agus a chluicheadh i ri feadaireachd na gaoithe.

Thog guth sgainneil rabhadh gur i da rìreadh Cait a rinn an t-suiridhe. Ciod air bith an dòigh a bha sin, cha do chuir e iongantas sam bith air daoine 'nuair a chuala iad, an tràth a thàinig an Fhéill-Mhartannach mu'n cuairt a rithist, gu'n do chuir na leannanan a stigh na "Gairmean." B'e Cait an aon duine teaghlach aig a h-athair, agus shiubhail e mu'n cheart àm so.

A nis eadarainn fein, cha'n eil fhios agam ciod a tha pòsadh a' tighinn chuige idir, idir.

Gabh mo leisgeul 'nuair a dh' abras mi gu'm bheil an t-sean uaisle dol a mach as a' chleachdadh. Chunnaic mi 'nam shean aois càraid a' falbh do Latharna, a dhol a phòsadh air, "An Liosans." Smuaintich air a sin! Air "An Liosans!" mar nach robh ann am bean ach airneis mar gu'm b'e cu no gunna. Air m' fhacal 's air m' fhirinn, cha phosainn duine air "Liosans," ged a bhitheadh a bhrògan air an crùdhaicheadh le daoimein.

Ann àm m' oige cha do chosg pòsadh moran. Thug na coimhearsnaich seachad an tabhartas de dh' fheoil is iasg. Ghabh nigheanan moit ann a bhi deanamh na fuine, chluich an luchd ciùil a nasgaidh, ciod air bith eile bha dhith orra ach soitheach brosnachail de dh' uisge beatha? Mar sin a bha e aig pòsadh Pheiteig Ruaidh. Chluich a' phiob anns an

t-sabhal. Thoisich an dannsadh. Aig eadar-àmannan, bha òrain suiridhe air an seinn. Agus thog Cuach a' chairdeis spiorad a' mhulaid. Aig meadhon oidhche bha a' chuirm air tòiseachadh gu ceart.

Am measg an t-subhachais, thàinig am buachaille a stigh don t-seomar, agus chagair e ann an cluais Dhòmhnuill Mhòir.

"Coigreach!" thubhairt Dòmhnull a' suathadh 'fheusaig, "cha'n urrainn coigreach a bhi taobh stigh de m' thigh-sa nochd. Iarr air mo charaid tighinn a stigh."

Le a bhoineid 'na làimh, choisich Iasgair narach, moiteil, a stigh do'n dealradh.

"Cò air bith thu, tha sinne cur fàilte ort," arsa Domhnull Mòr gu cridheil.

"Tha mise air mo nàrachadh ann an sùilean na cuideachd so," arsa an coigreach, "air a bhi cur dragh—."

"Na bruidhinn mu dheidh a leithid de nì" thubhairt Dòmhnull, "ma's e caraid a th' annad, òlaidh thu deoch slàinte na càraid òig: an sin cluinnidh sinn do ghnothach."

Sheall an coigreach gu geur mu'n cuairt na buird.

"Ni mi sin gu toileach," thubhairt esan, "agus tha mo ghuidhe air a chur an céill gu soilleir anns an t-sean fhacal:—

> Na h-uile la sona dhaibh
> Gun latha idir dona dhaibh."

"Guidhe math," arsa Dòmhnull gu misneachail.

"Ma dh' fhaodas mi bhi cho dàna," thuirt an coigreach "innsidh mi nis dhuibh mo ghnothach. Thàinig mi dh' fhaicinn mo nighinn, Mairi. Is mise

Uisdean Mac Ailean, mac Alasdair nan Aidhean bho Atharacal. Tha mi air mo rathad do dh' iasgach Loch Fion, agus cha'n fhaca mi mo nighean Mairi bho'n a dh' fhàg i dachaidh bho chionn dà bhliadhna, a dhol a dh' obair le m' charaid Murchadh Caimbeul de na Sruthain Tormanaich thairis an sin ann am Muile."

Spleuc na coigreachan air an duine.

"Feumaidh gur fada bho'n a dh' fhàg thu do dhachaidh," thubhairt Dòmhnull Mor gu socrach.

"Air a' mhadainn so féin," thuirt an t-iasgair, a' sealltuinn gu iomagaineach ann an aodannan nan daoine. "So! So!" thubhairt e, as deidh sealltuinn mu'n cuairt, "tha ar subhachas a' dol tuilleadh 's fada, 'nuair a ni e cluich air mothachadh athar."

"'S beag tha guth againn air a sin," thubhairt Domhnull. "Dh' fhalbh do nighean laghach as an tigh so aig a' Bhealtuinn, agus chaidh moran da cairdean leatha earrann de'n rathad, thairis air a' mhonadh, 'san dealachadh."

"Mo thruaighe mise nochd!" ghuil an duine brònach, "cha d' ràinig i dhachaidh riamh!"

"Cha d' rainig i dhachaidh riamh!" thubhairt na daoine ann an aon ghuth, is iad ag éiridh bho na buird. Ciod a thachair?

Ann an cuideachdan beaga, chruinnich an comunn mu'n cuairt an tighe a' cagaradh ri chéile.

Is ioma ceist nach robh air a freagairt. An deachaidh Mairi a chall 'sa cheo, neo an d' fhuair i a bàs ann an gleann aonarach? An do bhathadh i ann an Loch Dhoire-nam-mart?

Co a b' urrainn innseadh? Cha robh leithid de

chulaidh-bhrosnachaidh riamh anns an Sgireachd. Bha maoir is oifigich an lagha dol bho dhorus gu dorus a' togail forbhais bliadhna agus latha 'na dhéidh so. Bha sùilean nan sealgairean agus nan ciobairean geur air na monaidhean, ach cha d' fhuair iad tuilleadh forbhais air Mairi, neo na th' agamsa mu dhéidh gobhlachan gaoithe na bliadhna 'n urraidh.

Goirid an déidh a' phosaidh, chaidh Peiteag Ruadh agus a bhean òg gu'n dachaidh ùir ann an Rodel.

B'e sin an t-àite mu dheireadh 'san t-saoghal. 'S e sineadh leathann fasachail a bh'ann—àite bhoglach dhorcha, toirmisgte. An sud agus an so chithear clachan mòra geala a' tighinn am fradharc as a' choinneach mar gu'm b'annta claig-eannan dhaoine marbha.

Os ceann bha sgleo de dh' fheannagan ag iadhadh troimh dhubhar, a' feitheamh ris na sùilean a thoirt as na caoraich bu bhochda de'n treud. Cha 'n eil nì anns an dùthaich uile ach beagan acairean fhearainn de bhàrr, tha cinntinn 's a' seargadh le seideadh o'n chuan siar, a tha tilgeadh a chobhair air creagan corrach Rodel.

An so ann an àm, (le d'chead) thachair an rud eigin do Chait Oig, a bha coltach ri tachairt.

Ach 'nuair bha i mu bhi air a toirt iosal, bha ı air a draghachadh le bruadairean eagalach. Anns na bruadairean aice 's tric a chunnaic i Mairi a' dol fodha ann an sùil chrithich anns a' bhlar, no tuiteam thairis air creig ann am Beinn Euduinn aonaraich, no air a bathadh anns an loch tha taobh an rathaid aig Doire-nam-mart.

Dh' fhalaich Peiteag bochd a thrioblaid bho a choimhearsnaichean cho fad 's a b'urrainn dha, ach thàinig latha 'nuair nach b'urrainn dha fhalachadh na b'fhaide. An sin thàinig sean bhoireannach a chuideachadh Cait anns an iomall mhòr (mo thruaighe mise) tuilleadh's anmoch.

As déidh gleachd ghoirid, thug Dia sith do'n truaghan.

Is e mulad dubailte a bh'ann; a chionn cha' d' fhan am balach boidheach a bha air a chur na laidhe ann an làmhan Cait beo, ach cho fhad 's gu'n do chaoin e, " Mah, ri, Mah, ri," mu'n do dhuin e a shùilean air an t-saoghal pheanasach so.

Bho'n àm sin air adhart, chaill Peiteag a thlachd gu leir 'na bheatha. Chaidh an crodh air sheachran air na monaidhean; ghrod a bhàrr, mur a bhi caomhalachd a choimhearsnaichean.

Cha do dhealraich rionnag shiùbhlach roimh neul a mhulaid. Reusonaich muinntir leis gun eifeachd: chuala e iad mar a chualas e na h-eòin; an sin dh' fhag iad e dha féin.

Air feadh an latha, chum Peiteag air falbh bho dhaoine; ach an dorchadas na h-oidhche thàinig e féin agus an leoman bho'n t-sliabh aonarach, dh' ionnsuidh dealraidh bhlaith solusan nan tighean.

B'i Mairearad Bheag a fhuair an t-eagal roimhe, 'nuair a chaidh i stigh do'n bhathaich aice anns an oidhche a shealltuinn as deidh a cruidh có a chunnaic i cruban an sin air a coinneamh ach Peiteag bochd a' snagadh 's a bheul fosgailte ri ùgh a' mhairt chairdeil ?

As deidh so ghabh na daoine oillte. Dh' innis

iad an eagal do'n Bhàillidh, agus chuir esan roimhe gu'n taghaileadh e air Peiteig. Air Rodel a ruigsinn, sheall e stigh tromh 'n uinneig, agus chunnaic e an duine tréigte seasamh, a' coimhead air na guailleanan, cho sèimh agus cho ciuin ris a' chorra-ghriodhaich a chi sibh anns na tanalaich, bho'n aiseig.

Bha cridhe a' bhàillidh goirt air fhaicinn dearg-shuileach agus aonarach; agus mar sin bhruidhinn e ris ann an caomhalachd.

"So," thubhairt e a' tabhart a mach a sporain, "airgiod g'ad thabhairt do dh' America le cuideachd a tha fàgail na duthcha gu goirid. Cuiridh mise air dòigh a h-uile nì a bhuineas dhuit, agus cuiridh mise gad ionnsuidh d' fhiachan. Tog ort, a laochain! Di-chuimhnichidh thu do mhulad anns an tìr uir."

Dh' aontaich e a dh' fhalbh. Gheall e gu'n taghaileadh e air a' Bhàillidh air an latha-màireach. Ach nuair a thàinig an latha-màireach, cha robh Peiteag ri fhaodainn an aite sam bith; agus bha fada mu'n do leigeadh a cuimhne e.

* * * * * * * * * *

Aig an àm so thug na co-cheannaichean ceilp, obair do'n chuid bu mhotha de na tuathanaich ré miosan an Earraich agus an t-Samhraidh.

Is ioma tasdan geal a thàinig a stigh do m' chiste-sa, bho'n cheilp dhuibh a bha air a chur do'n taobh deas gu bhi air a dheanamh 'na botuil.

Air latha de na laithean, bha Dòmhnull Mòr agus a sheirbheisich a' trusadh feamainn a shios an sin aig Port-na-Cille, agus chunnaic Dòmhnuill rud-eigin a shaoil leis a bha 'na pheiteig an sàs anns

an roc. As deidh an dùn a ghlanadh air falbh le 'ghrapa, ghlaoidh e air a dhaoine a shealltuinn air an t-sealladh ; agus cha robh duilgheadas sam bith aca air Peiteig Ruaidh aithneachadh.

Ciamar a fhuair e air ais ga dhùthaich féin, cha 'n eil fhios agam. Dh' fhaodteadh gu'm bheil aig an anam déidh air a dhachaidh nuair tha'n oidhche tuiteam air latha a bheatha.

Co's urrainn innseadh ?

Tha aon nì cinnteach, thàinig e gu tìr, balbh agus fuar, leis an fheamainn 'na chiab.

Cha b' iongantach e gun do thionndaidh sluagh na dùthcha a mach a dh' ionnsuidh an tiodhlachaidh.

Thairis am monadh chaidh a' mhòr chuideachd gus an robh iad air an sarachadh le'n eallaich thruim.

Air tus shuidh iad tacan a leigeil an anail, aig iochdair Chnoc na Boineid.

An àite far am b'àbhaist do dhaoine moine a ghearradh, thòisich coin air comhartaich, agus chaidh buachaille a chur samhachadh orra le a lorg. Air dhasan am bata a thulgadh chaidh lub na cromaig aige an sàs ann am freumhan righinn de phloc ; air éigin, tharruing e an lorg air falbh, agus thionndaidh e dùn mòr de sgroth.

Thuislich an gille air ais dh' ionnsuidh na cuideachd, agus dh' innis e ciod a chunnaic e.

An sin ghreas na fir orra do'n àite, a dh' fhaicinn corp mi-shealbhach Mairi Bhain. Bha éideadh muineil buidhe sioda air a shnaim gu teann mu'n cuairt muineal a' bhronain, agus dhearbh sin gu cinnteach cionta Pheiteig Ruaidh.

Sheas a' chuideachd balbh, ag éisdeadh ri luath-

bhuilean an cridheachan. Dhi-chuimhnich an fheadag a glaodh.

Bha greis ann mu'n do labhair neach air bith.

Mu dheireadh, thog am ministear a ghuth an urnuigh agus 's ann mar so a thòisich e.

" Is leamsa dìoghaltas ; ìocaidh mi " a ta an Tighearn ag ràdh.

* * * * * * * * * *

Threig a guth Mairearad, agus fhliuch i a bilean geala le a teanga. " Nis, a laochain," ars ise a' leigeil le a làimh a bha 'na laidhe cho fada air a h-uchd, tuiteam agus a' glacadh mo làmhsa gu coibhneil, " Dh' innis mi nis dhuit ciod e bu chiall do'n chàrn mhòr a chunnaic thu nuair thàinig thu am fradharc Rachiobul agus a theirinn thu Cnoc na Boineid a dh' ionnsuidh Doire-nam-mart."

MARBHRANN SGRIOBHTA AN CILL DUTHCHA.

(Eadar-theangaichte le " Cailein Gorm.")

Tha clag an fheasgair toirt a radha a mach ;
Tha 'n crodh a' geumnaich tighinn gu mall thar
'n raon ;
Tha 'n treabhaich sgìth teachd dhachaidh o an ach,
A' fàgail 'n t-saghaoil do dhorchadas 's dhomh fhéin.

Tha 'n dùthaich dorchadh fo an t-solus fhann;
Tha sàmhchair glacadh 'n athair gu leir mu'n cuairt;
Cha chluinnte ach an daol 'dol seach le srann,
Is gleadhar cad'lach tighinn o 'n chrò a nuas.

'S a' chomhachag as an iadh-shlat air an tùr,
A' deanamh gearain do na ghealaich chiùin,
Mu iomrallaiche gun fheart a tha ga dùsg',
Na rìoghachd a riaghail i air bheag dragh o chéin.

'N sin, fo na craobhan leamhain 's sgail 'n iubhair,
Far 'm bheil cho lìonmhor toman ìosal uain.
O chian tha seanairean 'bhaile bhig na 'n luidh,
'N cadal trom, 's cha dùisg iad chaoidh o'n suain.

An tlàth-ghaoth anns a' mhadain giùlan tùis',
An gobhlan-gaoith 'triutraich o an tugha,
Geur-ghoirsinn coilich, 'n trombaid 's àirde fuaim
Cha duisg iad chaoidh o'n leabaidh ìosal dhubh.

Air 'n sons' cha las an teallach chaoidh a thein';
Cha dean bean-taigh' 's an fheasgar deas an lòn;
Cha ruidh clann bheag gu'n coinn'chadh tighinn gu bail';
'S cha streap iad ri an glùn ag iarraidh pòg.

'S tric thuit am foghar fo an corran crom,
Is dhearg an t-achadh cruaidh le an crann;
Bu sunndach ghreasadh iad do 'n ach' na daimh,
Bu ghrad a ghéilleadh choill' do'm buillibh tròm.

Na magadh na h-àrd-aigneich 'n saoir a ghnàth,
An sùgradh is an crannchur falaicht', dorch:
Na eisdeadh luchd a ghreadhnachais le tàir,
Ri eachdraidh ìosal agus ghearr nam bochd.

Tha uail nam maithean 's greadhnachas luchd-riaghl',
Gach nì bheir mais', gach nì bheir beartas bhuaithe,
Na h-uil', gu cinnteach feitheamh latha an diol;
Tha slighe na glòir a' treorachadh do 'n uaigh.

Na faighibh sibhs' 'tha uaibhreach annta cron,
Nach togadh dhoibhsan caradh air an uaigh,
A laimh ri eaglais àrd nan clachan snaight',
Far 'moladh Dia le fuaim binn nan laoidh.

'N toir soitheach-sgrìobht' na luaithre, dealbh-snaight' a' mhairbh,
Air ais an anail do h-àit'-còmhnuidh rìs?
Am beothaich urram rìs an duslach balbh,
Neo 'n tàlaidh gabhann trom-chluas fuar a' bhais?

Maith dh'fheudt' 's an àit' so air bheag meas na luigh',
Tha cridh' a bha de theine neimhidh làn,
Is làmhan 'ghiulaineadh slat-riaghlaidh rìoghachd,
Neo-dhuisgeadh clàrsach suas gu subh'chas àrd.

Cha d' fhosgail eolas do an sùilean riamh,
An stòras thàinig sios o 'n aimsir dh'fhalbh;
Is chaisg an ainniseachd gach togradh fial,
A' meileachadh 'nan cridh' a' miantan tlàth.

Is iomadh seud tha dealrachadh gu glan,
Ann 'n uamha dhubh, ann 'n aigeann dorch a'chuain,
Is iomadh blath, a' fàs gu h-uaigneach suas,
Tha caidheamh chùbhraidheachd gun 'neach 'na chuairt.

An so maith dh'fheudt', tha esan 'sheas' gu dàn,
An aghaidh eucoir 'measg a chuideachd ghann;
Neo bàrd a choisneadh cliù thar Oisein fhéin;
Neo ceannairceach o fhuil a dhùthcha glan.

A chosnadh molaidh àird phriomh-athraichean ;
A mheas mar neoni léir-sgrios agus cràidh ;
A sgaoileadh saoibhreis troimh a thalamh àit,
Is eachdraidh 'dhéanamh ann an làthair an t-sloigh,

Dhiùlt dhoibh an cor ; 's cha d' chuibhrich e a mhàin
An dùrachd àrd, oir lughdaich e an ciont ;
A' diùlt' dhoibh 'snàmh ann am fuil gu crùn,
Is dorus tròcair dhruid' air chinneadh-dàoin.

A' cheiltinn oidheirp ghoirt na fìrean chòir ;
A' chasg' rudh-gruaidh fosgarra na nàir',
Is 'mheudach' urraim Sòghalachd is Pròis,
Le gabhan 'n cànain allail cheolraidh àird.

O chomhstri mhiodhoir chruinn'chaidh bhuaireasaich,
Cha d' ionnsaich 'n innt'nean shuairc iomrall astar
mór ;
Troimh ghleannan uaigneach, fionnar, ciùin,
Ghabh iadsan 'n rathad, 'n inntinn saor o ghò.

Ach, eadhon chum nan cnàimhean so a dhìan,
A thogadh cuimhn'chan suarach faisg air làimh,
Le sgrìobhan aighearach 's dealbhan 'tha gun dreach
Guidh o'n fhear-turuis osna mar a chìs.

An ainm 's am blian'chan ann an ordugh sìos,
Tha 'n àite cliù is cumha do na mairbh ;
'S cinn-teagaisg o an leabhar naomh,
A thionndadh beachd nam beo gu nithibh searbh.

Oir cò thug suas a bheatha iom-ghuineach so
Do thìr na dì-chuimhn' gu bhi chaoidh gun iùl ?
Cò dh'fhàg na crìochan blàth aig 'n latha gheal,
Gun 'thoirt aon sealladh aindeònach air chùl ?

An cridhe eiginn tha an t-anam 'g earbs' 's e falbh ;
Le sileadh shùl is feum na sùilean 'dhùn' ;
Cha 'n 'eil ar nàdar anns an uaigh uile balbh ;
Tha 'n spiorad chleachdta 'g éirigh as an ùir.

Ach, thus' 'tha cuimhn'chail air na mairbh gun chliù,
Tha 'g inns' an so an eachdraidh dhìomhair, chiùin ;
Ma thach'reas, ann a bheachdach' aonarach,
Gu'm fiosraich neach de d' nàdar fhéin mu d' chrìch,

Maith dh'fheudt' gu 'm freagair duine aosda liath ;
" Bu tric a chunn'cas e aig briseadh fàir,
A' dol le cabhaig troimh an dealt air 'n fheur,
A dh'fhaicinn eirigh gréin air faich àrd."

" An sin, aig bun na craoibh 'tha ghaoth a'luasg',
Aig bheil a freamhan 'g éirigh neonach suas,
Bhitheadh e mu mheadhon-lath' na shìneadh mach,
Geur-amharc air an t-sruth a' crònan seach."

" Neo taobh na coill' 'tha boilsgeadh mar ri tàir,
Cur 'mach a smuaintean bras 'm facail dhorch,
Le aghaidh ghlas-neulach a sios ri làr,
Mar neach fo chùram trom neo gaol air dhiùlt."

" Aon là cha robh e air a' mhonadh b' à'ist ;
Neo taobh na coill' neo fo na chraobh a b' àill ;
La eil' cha robh e taobh an t-sruthain chaoil ;
'S air faich neo fraoch ni's mò cha 'n fhacas e."

" An ath-là bha, le tuireadh mar bu ghnàth,
Air 'ghiùlan gu ait'-adhlacaidh na cill ;
Thig 'm fagus agus leugh (oir's leugh'dair thu),
An dàn a 'th air 'leac-lighe fo'n droigheann liath."

AN DÀN.

" An so tha e 'na luigh 's a cheann fò 'n ùir,
An t-òg-fhear' 'bha gun stòras mòr neo cliù ;
Cha d' rinn àrd-ealdhain tarcuis air a ghnè,
Ged 's ann an dubh'chas chaidh e neart de ré."

" Bha aoigheachd fial, 's o chealg bha 'anam saor ;
Is thug am Freasdal dhasan diol a bha cho mór ;
Do dhòruinn thug e deur—na bh' aig de 'n t-saoghal,
Is fhuair e iarrtas anma—carraid fior."

Na rannsachamaid a thoillteanas na's fhaid' ;
Na toireamaid a laigsean o'n àit-taimh ;
Oir tha iad uil' aig fois an dochas maith :—
An uchd a Athar 's a Dhia tha e an sìth."

AIR EACHDRAIDH.

THUIT dhomh, o chionn ghoirid, a bhi tionndadh dhuilleagan leabhair àraidh, nuair bhuail smuain am inntinn mu dheighinn air ealain dòigh sgrìobhaidh na h-eachdraidh. Tha mi daonnan déigheil air mo luchd-dùthcha féin fhaicinn air an cur fo mheas aig daoine foghluimte an t-saoghail, agus, mar sin, is cùis farrain nach beag dhomh nach eil eachdraidh Gaidhlig fathast againn is idir fiach ainmeachadh oirre. Gun teagamh tha ann an eachdraidh Gaidhlig ud—se *Eachdraidh*

na h-Alba is ainm di—a chaidh a sgriobhadh le neach d'an b'ainm Mac Coinneach o chionn uine ; ach taobh am mach bho'n rud gu'm bheil an eachdraidh sin a nis air dol glan as an fhasan, leis cho sean caithte as sa dh'fhàs a cuid brìgh a bhi, tha mi féin a' faighinn coire di air bun gu'n deach a sgriobhadh air dòigh nach eil idir a' cordadh ris na thuirt na maighstirean is mò a th' againn air cùspair a' cheart nì so.

Tha'n duine comasach sin—Dòmhnull Maceacharn nach maireann—a' gearain anns *An Fhear-Ciuil* aige mu'n eachdraiche, ach sin air grunnd tur air leith bho'n tì sin a thug orm féin a bhi iomairt nan cuaill-eachan. Ars esan, " ann a bhi leughadh eachdraidh an t-saoghail, cuiridh e farran nach beag orm a bhi faicinn na h-uidhir mu dheanadas righrean is dhaoine mora, is cho fìor bheag mu dheanadas no mu chor an duine bhochd. Gheibhear iomradh gu leoir air luchd-ordachaidh catha, ach fìor bheagan air luchd-bhualadh nam buillean. So mar a tha, mar a bha, is mar a bhios eachdraidh air a sgrìobhadh. Tha a bheachd féin aig an eachdraiche ciod e is àiridh air àite fhaotainn 'na eachdraidh, is gun teagamh, chan eil e comasach dha a h-uile nì a ghabhail a steach innte ; ach saoilidh mi air uairean gu'm bheil nì no dhà a tha e fàgail am muigh a' cheart cho àiridh air àite ri nìthean a tha e gabhail a steach."

Sin againn an gearan aig Dòmhnull Maceacharn ; ach ar leam féin nach eil moran seadh no brìgh ann, agus, cuideachd, gur e is bunait dha miann so-leirseannach Dhòmhnuill chòir a bhi ga thais-beanadh féin mar chruthadair ràithean car annasach ùra, seach gluasad inntinn air bith a b'fhearr a bha

suidhichte. Gun teagamh, tha "eachdraidhean is eachdraidhean ann," ach ged a tha, seall dhomh an eachdraidh *mhath* nach bi do ghnàth a' gabhail a steach nan nìthean sin a tha Dòmhnull Maceacharn ag ràdh gu'm bheil iad do ghnàth a' fàgail am muigh. Tha a' chasaid so uile, mata, gu tur an crochadh ris a' ghnè eachdraidh a bhios fo ar beachd àm duinn bhi ga cur an cèill. Ma's i sin eachdraidh nach deach a cur ri chéile sa sgrìobhadh anns an dòigh cheirt, chan eil cinnt nach bi an eachdraidh sin a' cheart uidhir cho lan fhàillinn sa tha ar n-ughdair-ne ag ràdh ; ach, air an làimh eile, ma's i deadh eachdraidh a th' anns an sin, cha bhi cùis ditidh idir againn—coma co-dhiùbh, air son nan ceart fhàllain a stuig Maceacharn a suas gu bhi ga di-moladh.

Ach, *revenons à nos moutons*, mar a theireadh na Frangaich. Ciod iad na buaidhean sonruichte air am bu chòir do'n eachdraiche a bhi an seilbh ? Gun teagamh, cha dean e moran adhart anns a' ghnothach mur e duine foghluimte a th' ann. Ach, fathast, tha barrachd air an sin a dhìth air. Feumaidh e a bhi 'na deadh fhear-rannsachaidh. Nuair a chuir Gibbon a' cheud leabhar de'n eachdraidh ainmeil aige am mach, b' ann mar so a sgriòbh eachdraiche iomraiteach eile—Uilleam Mac Dhonnachaidh — mu'n cheart obair, "I have read Mr. Gibbon's History with much attention and great pleasure. It is a work of very high merit indeed. *He possesses that industry of research, without which no man deserves the name of an historian.*" Tha a leithid de ràdh, is e tighinn am mach bho'n ùghdar a bu mhàthair-aobhair dha, cho ceangalach, làn

impidh, agus is urrainn da leithid a bhi. Cha ghabh e seachnadh no cur gu taobh le fear sam bith is idir miannach air cliù a chothachadh dha féin mar eachdraiche.

Mar sin, feumaidh an t-eachdraiche a bhi an dà chuid foghluimte agus comasach is déigheil air rannsachadh ; ach ged a bhiodh e mar sin, agus a bharrachd dha, chan fhaodar a ràdh gu'm bheil e fathast aig ceann a theadhrach. Sgrìobh uair-éiginn Frangach, d'an b'ainm Abbè de Mably, leabhar air an robh *Manierè d' écrire l'Histoire* mar ainm, agus anns an leabhar ud thug e tarruing gu math mionadeach poncail air a' chuid is mò de na buaidhean air am bheil deadh eachdraiche air a dheanamh a suas. Leudaich e gu trom an sin air na buaidhean a dh' ainmich mi mar tha ; ach, barrachd orra so, thug e fainear tì no dhà eile air am faod mi iomradh a thoirt. Thuirt e gu'm b' éiginn do'n eachdraiche deagh dhòigh-sgrìobhaidh a bhi aige, agus, cuideachd, gu'm feum a eòlas-san air rudan sluagh-iùlach, eadar sean is ùra, a bhi anabarrach mionaideach poncail farsuingeach.*

Chan eil anns an eachdraidh, thuirt Bolingbroke—a fhluich a bheul féin, uair no dhà, le uisgeachan mealltach, ach anabarrach taitneach, amhuinn na h-eachdraidh—chan eil anns an eachdraidh ach " Philosophy teaching by examples." Is fìor an ràdh sin, agus, o'n a tha, is éiginn do'n eachdraiche cuid mhath de eòlas air feallsanachd a bhi aige,

*B'e beachd an duine so, cuideachd, nach fhaod neach air bith ionnsuidh a thoirt air eachdraidh a cho-chur gun e bhi dà fhichead bliadhna a dh' aois, air a' chuid is lugha dheth.

agus sin do bhrìgh so: gu'm bheil e a'cheart uidhir cho riatanach gu'm biodh e eolach air eachdraidh ghluasadan inntinn an duine sa tha e gu'm biodh e mar sin a thaobh eachdraidh dheanadais an duine. Tha ar deanadais uile a' faighinn an éiridh an gluasadan ar cridhe is ar n-inntinn, agus , o'n a tha, is éiginn do'n eachdraiche a bhi lan eolach air a bheagan a chaidh a fhuair am mach fo dreach feallsanachd mu dheighinn air gluasadan diomhair ar beachdan agus ar smuaintean. Agus ma ghabhas sin beachd ach glé neo-churamach neo-fhurachail air aghaidh nan eachdraidh is feàrr a th' againn chì sin air ball nach eil an taobh so de'n chuis ach glé leirsinneach cudthromach an sùil agus am beachd na feadhnach sin a chuir ri chéile iad.

Cùis eile. Chan fhaod sinn amharc air eachdraidh—deadh eachdraidh, se sin ri ràdh—mar rud a tha uile gu leir a' co-sheasamh air cunntasan air "deanadais righrean is dhaoine mora," is air "iomradh air luchd-ordachaidh chatha"—mar a rinn Dòmhnull Maceacharn cruaidh ghearan anns an leabhar aige. *Fas est ab hoste doceri*—ràdh a tha a' ciallachadh, ma dheonaicheas sinn e a charachadh ri ealain cuir ri chéile na h-eachdraidh—gu'm faodamaid leasan no dhà gu math feumail duinn a dh' ionnsachadh bho rudan air am bitheantas duinn amharc le sùil an t-suarachais agus na tàir. A thaobh so, chan eil eachdraiche is idir fiach air an t-ainm nach bi deonach air na briathran aig Dòmhnull Maceacharn a dh'aithris, sa dhaingneachadh le a uile neart is deon. "Feumaidh sinn" (ars esan) "bardachd an t-sluaigh, an ceol, am beul-aithris,

an sgeulachdan, is a' ghnè chreidimh a bha dol 'nam measg a rannsachadh ; oir is annta sin a gheibh sinn a' ghnè theagaisg a bh'aig sluagh aig nach robh cothrom air teasgasg eile fhaotainn, is leis an robh an t-iomlan d'an lòn spioradail air a dheanamh a suas." Ach, an déigh a h-uile nìthe, co e chuala no chunnaic riamh deadh eachdraidh cinnidh nach deach a chur ri chéile anns a' cheart dòigh a tha Maceacharn a' molladh duinn, no a tha a h-ùghdar-san a' dearmaid no ag obadh buntainn ri cor, eadar spioradail is aimsireil, an t-sluaigh sin mu'm bheil e a' sgrìobhadh ? Mar sin, eadar-theangamaid an t-earalas aig Maceacharn mar impidh a chaidh a chur oirnn gun dearmad a dheanamh air meanbh-ghnothach ; ach sinne a bhi daonnan a' cheart uidhir cho curamach mu'n rudan beaga sa tha e éiginneach duinn a bhi suimeil mu euchdan mòra—" dèanadais righrean," is mar sin air aghaidh.

Ach, ged a bhiodh ar n-eachdraiche cho glic ris na ròin, agus cho dìchiollach ris an t-seangan, gidheadh cha dean so an gnothach oirnn, mur am bi dòigh-sgrìobhaidh gu math eireachdail finealta aige mar an ceudna. Sàr-chudtromachd na buaidhe so, chan fhaodar a h-aithsicheadh. Na h-eachdraichean is ainmeile a th'ann, tha iad so uile iomraiteach air son snas bharraichte is binneis do-ghnàthach an cuid cainnt. Leugh ach roinn beag de'n eachdraidh ud aig Erodotus—" Athair na h-Eachdraidh," se sin is frith-ainm dha—agus tha mi meas nach bi fada gus am bi thu gu teann gleidhte aige an lìon sìodail, ach neo-reubach, a snas-labhairt gun choimeas, agus sin co-dhiùbh a

leughas thu e anns a' chànain mhilis anns an do sgrìobh e, no am beurla chruaidh nan Sasunnach. Gabh beachd a rithist air eachdraiche ainmeil eile—Tasatus. Ged a tha'n dòigh-sgrìobhaidh a chleachd esan ann an *Historiae* car dorcha air uairean 'na ghnè, gidheadh is làn is airidh i air an fhear a thug duinn *Dialogus de Oratoribus*. Ainmeannan iomraiteach eile a théid gu nàdurra air uachdar duinn mar eachdraichean Ròmanach a bha an dòigh-sgrìobhadh gun mheang ach beag, is iad sin—Libhidh, Sallust, agus gu h-àraid ùghdair ro chomasach *De Bello Gallico*. Bha a h-uile fear de na h-eachdraichean so an seilbh air dòigh-sgrìobhaidh a bha saor is lochd no meang air bith, ach beag.

Ach ma's miann leinn rogha is togha de na seanna luchd-doìgh-sgrìobhaidh fhaighinn am mach, feumaidh sinn sgriob a ghabhail gus a' Ghréig, agus gu sonruichte do'n bhaile mhòr eireachdail sin far an neadaichear eun na gliocais o chianaibh—Aithne boidheach nan ioma Teampull. Is ann an Aithne a gheibhear na h-eachdraichean is feàrr a charaich riamh peann thairis air uachdar clàir, maron a thaobh comas dòigh-sgrìobhaidh, agus snas is grinneas is so-lubachd na cànain anns an deach an cuid leabhraichean an cur ri chéile. Air son a bhi taisbeanadh bheachdan is bharailean a tha dlùth-chlangailte ri laghannan is riaghailtean, is ghnothaichean eile mar sin, is dòcha nach eil cànain air bith ann a dh' fhaodas sinn a chur an coimeas ri seann chainnt nan Ròmanach. *Tu regere imperio populos, Romane, memento*, arsa Virgil, is e a' labhairt rithe anns an *Æneid* aige; ach nuair

is e an gnothach a tha aice ri chur seachad na sàr bheachdan is àirde thaobh gnè, agus na smuaintean is oirdheirce agus is finealta is urrain do dhuine a chur an cainnt, an sin feumaidh an Laideann ceum a ghabhail gu h-ùmhal gu taobh, agus an rathad a leigeil réidh falamh fa chomhair bras teachd air aghaidh cainnt uaibhreach ard-inntinneach nan Gréugach. Thug na Gréugaich féin tàir do'n Laideann, agus, mar sin, bu bheag leo i. Thuirt iad nach robh a' chànain sin ach fìor bhochd màirnealach mar mheadhon a chum fuasgladh a thoirt do na beachdan smuaineachail is àirde dreach, is do ìomadh cùspair mòr-chuiseach eile tha faighinn an éiridh an gluasadan dìomhair ar cridheachan agus ar n-inntinnean. Riamh bho àm a latha-san, tha gach linn is glùn a' còrdadh a chéile ri Thucydides a chur air ceann uile sliochd eachdraichean an t-saoghail, is ged nach do fhuair as an dòigh-sgrìobhaidh a chuir an duine ainmeil sin gu feum anns an eachdraidh aige uile gu leir gun achmhasan car sgaiteach air taobh pàirt de a cho-luchd-dùthcha, a dh' aindeoin sin is ceutach thar tomhas mar eisimplier do'n eachdraiche i. Agus nach glan soilleir simplidh fìor shiulbhach an dòigh-sgrìobhaidh aig Xenophon! Chan eil esan mar eachdraiche fo chomain riomhaidh air bith a thaobh cainnt air son na tha e toirt de dhrudhadh air cridhe is inntinn an leughadair; ach, ged nach bi, leughamaid uile gu teann curamach e air sgàth mar cho tur teoma tapaidh sa tha a ghiulan-san ri aghaidh mòr mheall de'n chungaidh ris am bheil e a' buntainn.

Ach an déigh is gu leir, chan ann idir bho na Gréugaich is na Ròmanaich 'nan aonar a gheabh-

amaid eolas còmhla ri fiosrachadh air son eachdraidh a cho-chur anns an dòigh is fheàrr is urrainn do'n eachdraiche chosnadh. Tha dùthaich chàirdeil bhriagh allail faisg oirnn a tha fìor iomraiteach air sgàth a cuid lìtreachais ; agus de'n lìtreachas sin, chan eil pairt no roinn dith anns an do thaisbean na sgrìobhadairean Frangach barrachd sgil na thaisbean iad anns an fhaice a chaidh a choisreagadh do'n eachdraidh. Faodar a ràdh gur e Villehardouin—ùghdar *Conquête de Constantinople*—an tì a chuir a' cheud chlach anns a' chàrn mhòr eireachdail sin ; ach seall air na h-ainmeannan ainmeil so a leanas, agus chan eil cinnt nach cuiridh iad sin an cuimhne duit cuid mhath de na h-eachdraidhean is fheàrr a chaidh riamh a sgrìobhadh sa dh' fhoillseachadh air son tlachd is oilneachaidh muinntir an t-saoghail a chur am meud—Froissart, Duc de Sully, Lamartine, De Tocqueville, Augustin Thierry, Michelet, Guizot, Thiers, Quinet, agus Louis Blanc.

Agus, dé a thaobh ar dùthcha féin ? Nach eil eachdraichean againne, mar tha aig càch—feadhainn as am faodamaid pròis a ghabhail ? Gu dearbh, tha eachdraiche no dhà gu math comasach againne, mar tha Fordun, Hailes, Iain Major, Eachann Boece, Hume, Uilleam Mac Dhonnachaidh, agus fear no dhà eile a dh' thaodainn ainmeachadh ; ach dhiubh so uile chan eil eadhon aon tì 'nam measg nach d' thug ionnsaidh air eachdraidh na h-Albann a cho-chur ri chéile ach a mhàin am beurla nan Sasunnach. "What value would the world put on a history of Rome written by a person who did not know a word of Latin ? "—briathran aig an t-Ollamh Mac Fhionn-

ghain, is e labhairt air a' cheart chùspair o chionn ghoirid. Ach, ged is doirbh ri chreidsinn e, gidheadh tha e fìor gur e sin an dearbh suidheachadh anns am bheil a h-uile eachdraiche a thug riamh ionnsuidh air eachdraidh na h-Albann a sgrìobhadh, a thaobh sean chainnt a dhùthcha. Theann iad uile gu ladarna am mach gu eachdraidh an dùthcha a cho-chur ri chéile gun uiread agus aon fhocal Gaidhlig a bhi 'nan cinn! Is i dùthaich gun diù dùthaich gun eachdraidh; ach ar leam féin gur gann a tha suidheachadh na rioghachd sin a tha a cuid eachdraichean cho aineolach ris na naoidhean air a' chich air sean chainnt an dùthcha, aon dad na's fheàrr. Ach, cha leor gu'm biodh cuid mhath de eolas air a' Ghaidhlig aig ar n-eachdraichean, ged a tha e freagarrach gu leir gu'm biodh. Na's lugha na sin chan fhaodar a bhi air giulan fir sam bith aca-san aig am bheil an eachdraichean ri bhi air an sgrìobhadh am beurla nan Sasunnach. Aideachaidh gach aon gu saor, gun sòradh, tha mi meas, gu'm bheil cùisean a bhi dìreach mar a thuirt mi gur còir daibh iad a bhi ionnan agus a bhi taisbeanadh nan iarrtasan is lugha is còir a bhi againn, a thaobh gnothaich cho buileach mòr cudthromach anns a h-uile car; ach, air son mo chodach féin de'n chùis, tha mise dol fada na's fhaide na sin, agus a' ràdh gur i a' Ghaidhlig, is chan i idir beurla nan Sasunnach, cànain mhathareil ar cinnidh 's ar dùthcha, is, mar sin, gur i is freagarraiche, mar mheadhon sgrìobhaidh, do'n eachdraidh, seach beurla nan Sasunnach, no cànain choigreach air bith eile. Faigheamaid grad ghluasad oirnn uile, mata, agus

teannamaid am mach san uair ri dheanamh na ghabhas deanamh, a chum na beirn moire so an lìtreachas nan Gaidheal a lionadh. "Is trian oibreach toiseachadh"; agus air cho leisg coma mu chòir-eachan na Gaidhlige agus a dh' fhaodas feadhainn eile a bhi chan fhaod aon neach a ràdh gu'm bheil *Guth na Bliadhna* neo-mhothachail air àrd luach na seana chainnt mar mheadhon is motha càil a chum eachdraidh ar dùthcha a chur gu ceart smiorail an céill.

R A. M.

CAINNT MO MHATHAR

Gach eun san ealtainn sheinneas ceòl
'Se cheileir fein is bòidhche leis;
Bho 'n usieig choiriollaich 's na neòil,
Gu ruig an dreadhan òg 'sa phreas.
Mar sin tha cinnich agus slòigh,
Mar sin 's ann tha gach pòr air leth:
'S i cainnt am màthar 's cha'n e'n còrr
An ciad thochra 's an còir-bhreith.

'S i cainnt a mhathar; oighreachd gaoil,
A' chainnt is caoimhe leis gach erè,
'S i cainnt a mhathar; fonn ro-chaoin,
A' chainnt gu'n labhair smaoin a chlèibh.

O chànain m' athraichean bho aois !
A' chagair laoch nan làith' a thrèig !
Cuim' nach aidichinn gu saor
D' airidheachd air laoim mo spèis ?

Cuim' nach aidichinn gu buan
D' airidheachd air uaill is gràdh ?
Cuim' nach seasainn thu 's gach uair,
Mar bu dual do shliochd nan sàr ?
Carson a leiginn le luchd t'fhuath
Bagairt ort le uaigh no bàs ?
Cuim' nach togainn mo ghuth suas
As leth teanga luaidh nam bàrd ?

A' Ghàidhlig aosda ; cainnt mo rùin,
'S i 'chainnt a dh' ionnsaich mi 'am òig'.
'S i 'thug mo mhàthair dhomh air thùs
'S mi aig a glùin air bheagan treòir.
Is mar nach fhaicinn neach le tnùths
'S a' falt cùbhraidh-se fo 'bhròig ;
Mar sin cha chluinntinn mac gun mhùirn
A' deanamh spùirt air cainnt a beòil.

A' chainnt 'san d' fhuair mi oilean m' òig',
'San d' fhuair mi eòlas air na's fhiach,
Gur h-ise dh' fhosgail dhomh air thòs
A dorsan mòr' gu tuisge 's ciall.
O 's ise thug dhomh 'n deoch ri 'h-òl !
A blas ri m' bheò gu'm bi 'nam bhial ;
A teagasg, achmhasan is nòs,
A daonnachd chòrr 's a feara-ghniomh.

CORRESPONDENCE.

GUTH NA BLIADHNA.

[The following kindly and appreciative letter has been sent to us with a particular request for its insertion in this Review. We have pleasure in yielding to our correspondent's flattering importunities, though we do so not without a due sense of the loss of modesty to which its publication is calculated to expose us.—Ed. *G. N. B.*]

" Many a time, in far away New Zealand I longed to get in touch with just such an excellent publication as *Guth na Bliadhna*. It abundantly supplies that knawing craving for literary provender which fills the souls of all Celts, wherever they may be—especially those of them who are divided from the home-land by ' a waste of seas.' It vividly recalls to memory ancient song and story, and the dulcet tones of the mother-tongue, so inexpressibly dear to all of us. I am strongly of opinion that every Celt should be a subscriber to *Guth na Bliadhna*. I, therefore, take this opportunity of urging its claims and of heartily thanking the unknown gentleman who was kind enough to send me a copy of the little pamphlet all about this excellent Magazine."

ANGUS CAMERON ROBERTSON,

Dunedin,

New Zealand.

1st March, 1914.

'S i 'theagaisg dhomh gach subhailc' a mhàin
Tha cumail tàth an clann nan daoin.
'S i 'theagaisg dhomh gu loma làn
Air carantachd, air gràdh is gaol.
Gach uile chomhairle gu m' stàth,
Gach uile ghnàth ann 's an robh saod,
Thug i dhomh an rogha ràdh,
An seanfhacal 's am bàrdachd saor.

Bidh mo chrìdh' an geall gu bràch
Air cainnt mo mhàthar 's air a ceòl;
Air fuaim nam fonn a sheinn a bàird,
Air pong a clàrsaich 's a piob mhòir,
Fad' 's 'dh' èireas beann 's a thearnas màm,
Fad 's 'chluinnear gàir aig sruth ma'n còir,
Biodh cainnt nan Gàidheal mar a bhà;
A' togail àil gu'n seas a còir.

D. M. N. C.

Some Useful Gaelic Books.

MacEachen's Gaelic-English Dictionary, a handy cheap Dictionary for and ordinary purposes, containing over 11,000 words, cloth 2/6 nett, post

The School Dictionary, compiled and edited by Malcolm MacFarlane, 2/6 nett, cloth 3/6 nett, postage 3d extra.

MacLeod and Dewar's Gaelic-English and English-Gaelic Dicti new edition, 1007 pages, 12/6 for 10/6 nett, postage 5d extra.

Macbain's Etymological Gaelic Dictionary, a new edition edited by M MacFarlane, 12/6 nett, postage 5d extra.

Macdonald's New Gaelic-English Dictionary, illustrated, the most co Dictionary published, 3 vols., 42/- nett, postage 8d extra.

The Elements of Gaelic Grammar, by Cameron Gillies, an advanced te 3/6 nett, postage 3d extra.

Easy Gaelic Syntax, popularly treated for beginners, especially tho approach Gaelic from the English point of view, by J. G. Macka postage 2d extra.

Gaelic Reader, a selection of tales, useful as an Introduction to Gaelic lit 1/-, postage 2d extra.

Companach na Cloinne, bright, entertaining, and instructive stories, for beginners, 6d nett, cloth 1/-, postage 3d extra.

Guide to Gaelic Conversation and Pronunciation, by MacBean, suita handbook for strangers in the Highlands, 1/6 nett, postage 2d extra.

Conversations in Gaelic and English, by Rev. D. MacInnes, with intro by Professor Blackie on the study of Gaelic, 1/- nett, postage 2d extra.

Handbook of Gaelic and English Phrases, with Pronunciations, b MacKellar, 6d nett, postage 1d extra.

Coinneamh Ghaidhlig, a small booklet containing helpful phrases fo Gaelic Meetings, 3d, postage 1d extra.

Fionn ann an Tigh a' Bhlair Bhuidhe. The Gaelic original and the translation are so arranged into short paragraphs side by side on opposi that there will be no difficulty to the learner in following the constructio Gaelic grammar, price 3d, post free 4d.

An Seann, Seann Sgeul. The Old, Old Story, translated into G Dr. Clark, Kilmallie. The English and Gaelic versions are placed on pages It would make an admirable text-book for both church and price 2d, post free 3d.

Seanchaidh na Traghad, Seanchaidh na h-Airidh, two books of told in simple language, and useful for learners, 6d each, postage 2d eac

Wizard's Gillie, and other tales, illustrated, an ideal home teach entertaining, instructive. With this book in his hand the beginne sure of making rapid progress without the aid of a teacher. The Ga has an almo t literal translation opposite. 2/6 nett, postage 4d extra.

The Tale of Deirdire, by Alexander Carmichael, in Gaelic and English, postage 3d extra.

Folk Tales and Fairy Lore, in Gaelic and English, by James Ma a collection of over 60 tales, published 6/- nett, postage 5d extra.

Fairy Tales, Gaelic and English, with coloured illustrations, by W. M 1/6, postage 4d extra.

These four books have the Gaelic originals and the corresponding translation on the opposite page, facing each other, so that the eye c a glance the construction of the Gaelic Text.

Folk and Hero Tales collected by James Macdougall, in Gaelic with translation, 7/6 nett, postage 5d extra

The Fians, West Highland Traditions of Fionn and his Warriors, Gaelic and translated by the Rev. J. G. Campbell, 7/6 nett, postage 5d e

Our Complete Gaelic Catalogue, containing over 32 pages descriptive books will be sent post free to any applicant without charge.

ALEXANDER MACLAREN & SONS, 360-362 Argyle Street, GLA

LCelt
C3914
Ceilidh books; leabhraichean nan Ceilidh.
No.15.
432068

DATE.	NAME OF BORROWER.
Mar. 22/45	Binding Dept. (T.R)

University of Toront
Library

DO NOT
REMOVE
THE
CARD
FROM
THIS
POCKET

Acme Library Card Pocket
LOWE-MARTIN CO. LIMITE